Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd - Trusadh

’S e an Rianadair Dàta airson an fhiosrachaidh a thathar a’ cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

A thaobh cheistean no dhraghan sam bith a th’ agaibh mu mar a thathar a’ cleachdadh ur dàta pearsanta, faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

Tha an aithris seo air prìobhaideachd a’ buntainn ris na leanas:

Trusadh Na dòighean-obrach a thathar a’ cleachdadh aig Sabhal Mòr Ostaig gus dèiligeadh ri iarrtasan airson obraichean, a’ gabhail a-steach na nithear gus daoine a thaghadh agus na ceumannan a ghabhas luchd-obrach ùra gus tòiseachadh ann an dreuchd. Gus modhan-trusaidh cothromach is soilleir a chur an sàs mar a dh’fheumas sinn fo Achd na Co-ionannachd 2010.

Cleachdar am fiosrachadh agaibh airson nan adhbharan seo:

Adhbhar 1: A’ dèiligeadh ri iarrtasan airson obraichean	A’ faighinn is a’ dèiligeadh ri iarrtasan obrach, a’ gabhail a-steach: 1. A’ chiad mheasadh air iarrtasan 2. A’ dèanamh taghadh aig gach ìre dhen phròiseas airson iarrtasan/trusadh 3. A’ cur agallamhan air dòigh
Adhbhar 2: Am pròiseas taghaidh is gus obair a thairgse	Tòisichear air a’ phròiseas seo nuair a chuirear crìoch air na ceumannan fo adhbhar 1, agus tha e a’ gabhail a-steach: 1. A’ taghadh an neach-iarrtais a b’ fheàrr leinn fhastadh 2. A’ tairgse obair dhan neach-iarrtais
Adhbhar 3: Ceumannan tòiseachaidh is inntrigidh (a’ gabhail a-steach adhbhar 5)	Tòisichear air a’ phròiseas seo nuair a chuirear crìoch air na ceumannan fo adhbhar 2, agus tha e a’ gabhail a-steach: 1. Na ceumannan a ghabhar gus neach fhastadh, leithid a’ cruinneachadh tuilleadh fiosrachaidh airson chlàran Sgiobachd is ionmhasail (a’ dearbhadh dearbh-aithne neach agus fiosrachadh banca airson pàigheadh) 2. A’ dèanamh mheasaidhean freagarrach (dh’fhaodadh gum bi an t-seirbheis slàinte-obrach aig Sabhal Mòr Ostaig an sàs annta) agus a’ dèanamh atharraichean airson adhbharan so-ruigsinneachd 3. Gach sgrùdadh a bhios a dhìth (faicibh adhbhar 5)
Adhbhar 4: Modhan-obrach airson luchd-obrach bho chompanaidhean-cosnaidh (dh’fhaodadh seo a bhith a’ gabhail a-steach adhbhar 5)	A’ faighinn agus a’ cleachdadh fiosrachadh mu luchd-iarrtais bho chompanaidhean-cosnaidh, a’ gabhail a-steach: 1. A’ chiad mheasadh air luchd-iarrtais, a gheibhear bhon chompanaidh 2. A’ dèanamh taghadh aig gach ìre dhen phròiseas airson iarrtasan/trusadh 3. A’ cur agallamhan air dòigh (dh’fhaodadh gur e agallamhan neo-fhoirmeil a thèid a chumail, no nach tèid agallamhan a chumail) 4. Modhan-rianachd co-cheangailte ri fastadh An lùib gach fear de na pròiseasan seo, dh’fhaodadh gun tèid ur dàta a cho-phàirteachadh eadar SMO agus an companaidh-fastaidh.

SABHAL MÒR OSTAIG

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd - Trusadh

Adhbhar 5: Sgrùdaidhean buntainneach a thaobh Dearbh-aithne, PVG/dearbhadh fiosrachaidh, agus a' chòir obrach agaibh	A' dèanamh nan sgrùdaidhean a bhios a dhìth air luchd-obrach no luchd-obrach bho chompanaidhean-fastaidh. 1. Feumar sgrùdadh a dhèanamh air an Dearbh-aithne is a' chòir obrach aig daoine airson a h-uile obair 2. Airson cuid a dh'obraichean bidh sgrùdadh PVG agus/no sgrùdadh dearbhaidh leasaichte a dhìth (gheibhear fios air sin san t-sanas-obrach) 3. Dh'fhaodadh gum bi sgrùdaidhean a bharrachd a dhìth airson cuid a dhreuchdan – gheibhear fios orra sin san t-sanas-obrach.

'S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh:

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 1: A' dèiligeadh ri iarrtasan airson obraichean, Adhbhar 2: Am pròiseas taghaidh is gus obair a thairgse, Adhbhar 3: Ceumannan tòiseachaidh is inntrigidh Adhbhar 3: Ceumannan tòiseachaidh is inntrigidh

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh gus cùmhnant a chur an sàs còmhla ribh no gus ceumannan a ghabhail, nuair a dh'iarras sibh oirnn, mus tèid leithid a chùmhnant aontachadh. Sin an cùmhnant obrach buntainneach agaibh.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 1: A' dèiligeadh ri iarrtasan airson obraichean

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh gus an urrainn dhuinn dleastanasan laghail a choileanadh leithid ar dleastanasan gus sgrùdadh a dhèanamh air is piseach a thoirt air co-ionannachd chothroman is air co-ionannachd a thaobh mar a thèid dèiligeadh ri daoine, agus a' dèanamh cinnteach gun tèid modhan-iarrtais cothromach is co-ionann a chur an sàs, mar a dh'fheumar fo Achd na Co-ionannachd 2010.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 4: Modhan-obrach airson luchd-obrach bho chompanaidhean-cosnaidh Adhbhar 5: Sgrùdaidhean buntainneach a thaobh Dearbh-aithne, PVG/dearbhadh fiosrachaidh, agus a' chòir obrach agaibh

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh gus cùmhnant a chur an sàs còmhla ribh no gus ceumannan a ghabhail, nuair a dh'iarras sibh oirnn, mus tèid leithid a chùmhnant aontachadh. Sin an cùmhnant obrach buntainneach agaibh bhon chompanaidh-chosnaidh.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 5: Sgrùdaidhean buntainneach a thaobh Dearbh-aithne, PVG/dearbhadh fiosrachaidh, agus a' chòir obrach agaibh

'S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh: Feumar a chleachdadh gus dleastanasan laghail a choileanadh leithid ar dleastanasan gus sgrùdaidhean riaghlaidh a dhèanamh air dearbh-aithne luchd-iarrtais is luchd-obrach, sgrùdaidhean PVG no dearbhaidh (ma bhios leithid a sgrùdaidhean a dhìth, gheibhear fios orra san t-sanas-obrach) agus sgrùdaidhean air a' chòir obrach agaibh.

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd - Trusadh

Tha an dàta a bhios sinn a' cleachdadh a' gabhail a-steach dàta de sheòrsa sònraichte (dìomhair). Chan fheum sibh am fiosrachadh seo a thoirt seachad. Bidh sinn a' cleachdadh dàta dìomhair fo na cumhachan laghail agus airson nan adhbharan laghail a leanas:

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 1: A' dèiligeadh ri iarrtasan airson obraichean

Bidh sinn a' cleachdadh dàta de sheòrsa sònraichte airson an adhbhair seo, 's e a th' anns an dàta seo: freumhan cinneadail no cinneachail, creideamh/na tha sibh a' creidsinn, dàta slàinte, taobh gnèitheasac.

Bidh sinn a' cleachdadh an dàta seo airson an adhbhair seo fo na cumhachan a leanas a tha co-cheangailte ri dàta de sheòrsa sònraichte: Feumar a chleachdadh gus an urrainn dhuinn dleastanasan laghail a choileanadh leithid ar dleastanasan fo laghan dìona sòisealta is cosnaidh gus sgrùdadh a dhèanamh air is piseach a thoirt air co-ionannachd a thaobh mar a thèid dèiligeadh ri daoine, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid modhan-iarrtais cothromach is co-ionann a chur an sàs, mar a dh'fheumar fo Achd na Co-ionannachd 2010.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 3: Ceumannan tòiseachaidh is inntrigidh Adhbhar 4: Modhan-obrach airson luchd-obrach bho chompanaidhean-cosnaidh

Bidh sinn a' cleachdadh dàta de sheòrsa sònraichte airson an adhbhair seo, cleachdar fiosrachadh air so-ruigsinneachd is slàinte gus dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd obrach is na dleastanasan agaibh freagarrach dhuibh. Dh'fhaodadh mar phàirt de sin gun iarrar taic bho sheirbheis slàinte-obrach SMO.

Bidh sinn a' cleachdadh an dàta seo airson an adhbhair seo fo na cumhachan a leanas a tha co-cheangailte ri dàta de sheòrsa sònraichte: Feumar a chleachdadh gus an urrainn dhuinn dleastanasan laghail a choileanadh leithid ar dleastanasan fo laghan dìona sòisealta is cosnaidh gus sgrùdadh a dhèanamh air is piseach a thoirt air co-ionannachd chothroman agus co-ionannachd a thaobh mar a thèid dèiligeadh ri daoine, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid modhan-iarrtais cothromach is co-ionann a chur an sàs, mar a dh'fheumar fo Achd na Co-ionannachd 2010.

Airson nan adhbharan seo:	Adhbhar 5: Sgrùdaidhean buntainneach a thaobh Dearbh-aithne, PVG/dearbhadh fiosrachaidh, agus a' chòir obrach agaibh

Bidh sinn a' cleachdadh dàta de sheòrsa sònraichte airson an adhbhair seo, 's dòcha gun cleachdar dàta pearsanta co-cheangailte ri dìtidhean eucoireach is eucoirean, no modhan-tèarainteachd co-cheangailte riutha sin.

Bidh sinn a' cleachdadh an dàta seo airson an adhbhair seo fo na cumhachan a leanas a tha co-cheangailte ri dàta de sheòrsa sònraichte: Feumar a chleachdadh gus cumail ri laghan cosnaidh is dìona sòisealta agus reachdas a chum maith a' phobaill, agus san t-suidheachadh seo tha sin a' ciallachadh fo Achd nan Daoine fo Dhìon Sònraichte (Alba) 2007 agus Dleastanas-cùraim SMO. Cha dèan sinn sgrùdaidhean ach nuair a dh'fheumas sinn fon lagh agus nuair a bhios iad a chum leas a' phobaill.

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd - Trusadh

Thèid, no 's dòcha gun tèid, ur dàta a cho-phàirteachadh leis an luchd-fhaotainn no na seòrsaichean luchd-faotainn a leanas:

Luchd-teist / teistean
Ma bheir sibh ainm luchd-teist seachad gus teist a thoirt dhuinn, dh'fhaodadh gun cuir sinn fios thuca a dh'iarraidh teist air an eachdraidh obrach agaibh. Cuideachd, dh'fhaodadh gun dèan SMO dearbhadh air na teisteanasan no eòlas agaibh le bhith a' cur fios gu buidhnean freagarrach leithid bhuidhnean riaghlaidh proifeiseanta no ionadan-foghlaim.

Buidhnean buntainneach airson sgrùdaidhean PVG/dearbhaidh is sgrùdaidhean air a' chòir obrach agaibh
Thèid cuid a sgrùdaidhean a dhèanamh, a làimhseachadh, a chlàradh no a dhearbhadh le buidhnean eile leithid Foillseachadh Alba, An t-Seirbheis Foillseachaidh is Casg no Seirbheis Bhìosathan is In-imrich na RA.

Buill bhon taobh a-muigh air pannalan-taghaidh
'S dòcha gun tèid ur dàta a cho-phàirteachadh le buill bho thaobh a-muigh na colaiste a tha air a' phannal-thaghaidh. Iarraidh Sabhal Mòr Ostaig air na buill seo a dhol air pannal ri linn an eòlais a th' aca no an dàimh a th' aca ri Sabhal Mòr Ostaig.

Siostam Sgiobachd Sabhal Mòr Ostaig
Thèid dàta air a h-uile neach-obrach a chumail air Sage.

Cumar an dàta agaibh airson na h-ùine a leanas:

Dà bhliadhna bhon cheann-latha air an crìochnaich am pròiseas taghaidh gus am bi cothrom agaibh air an dàta agaibh agus an dàta agaibh a chleachdadh a-rithist ann an iarrtasan eile agus gus an urrainn dhuinn dèiligeadh ri iarrtasan airson aithisgean reachdail.

Ma gheibh sibh tairgse air obair agus ma ghabhas sibh ris an tairgse airson dreuchd aig Sabhal Mòr Ostaig, cumar an dàta agaibh airson ùine nas fhaide – faicibh am fiosrachadh mu phrìobhaideachd airson Sgiobachd Sabhal Mòr Ostaig no cuiribh fios chun a' mhanaidseir a tha air ur fastadh.

Seo na còraichean a th' aig na daoine ris am buin an dàta:

- A' chòir gus cothrom fhaighinn air an dàta phearsanta agaibh
- A' chòir gus a cheartachadh ma tha mearachdan san dàta phearsanta a th' againn mur deidhinn
- A' chòir gus mar a chleachdar an dàta pearsanta agaibh a chuingealachadh

Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd - Trusadh

Tha na còraichean a leanas agaibh dìreach ann an cuid a shuidheachaidhean:

• A’ chòir gus an cead agaibh a tharraing a thaobh a bhith a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh nuair a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh air an stèidh laghail, gun d’ fhuair sinn ur cead
• A’ chòir gus cur an aghaidh mar a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh
• A’ chòir gus iarraidh oirnn an dàta pearsanta agaibh a dhubhadh às
• A’ chòir air dàta a bhios so-ghiùlan

Cuideachd, tha a’ chòir agaibh gus gearan a thogail le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh mu mar a chleachd sinn ur dàta.

’S e a th’ ann an Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, ùghdarras neo-eisimeileach na RA a chaidh a stèidheachadh airson dìon a chur air còraichean fiosrachaidh a chum leas a’ phobaill. Seo an làrach-lìn aca www.ico.org.uk.